

Órain Na Cloinne Bige



Goireas taic airson pàrantan agus luchd-teagaisg airson
a dhol an cois Òrain na Cloinne Bige.

Teaching and learning aides for parents and educational
practitioners to accompany Òrain na Cloinne Bige.



Clàr-amais

1	An deigh	35	Ràith a' gheamhraidh
4	An tractor	38	Rinn sinn bodach-sneachda an-diugh
7	Bodach beag annasach	41	'S i le cabhaig sìos am bealach
11	Crathaidh mi mo làmhan	45	Santa Claus!
15	Dànaidh beag an dràgon	49	Splis! splais!
19	Digear Dhòmhnail Ruaidh	53	Tha bàta seòladh air a' chuan
23	Èisg bhig	57	Tha Pàdraig a' bualadh le aon òrd
26	Fear a' bhainne	60	Tha sinn a' dol dhan sù an-dràsta
29	Luchag	64	Uiseag bheag dhearg
32	O cò ghoid am bonnach	67	Air là brèagha samhraidh



Tha an deigh air an lòn a' dìosgail gun sgar,
cuiridh mi mo bhròg sìos air a muin.
Tha i mar uinneag a bhriseas fom bhròig,
tha i mar rionnag le mìle spòig.

Is caomh leam an reothadh, is caomh leam an sneachd,
ach tha na h-iseanan bochd leis an acras a-nochd.
Bheir mi dhaibh criomagan de dh'aran is buntàta,
bidh an druid 's am brù-dhearg aig an doras glè thràth.

Join your thumbs together and spread out your fingers, move your fingers up and down like a bird's wings as you sing.

Swoop down to eat crumbs from each other's hands when you sing 'Bheir mi dhaibh criomagan de dh'aran is buntàta'.

Group activity

Discuss the different types of weather in the winter and how we can help animals when it's very cold.

Sit in a circle on the floor and hold hands swaying from side to side as you sing. Place a tambourine in the middle of the circle and pretend that it is an icy pond.

Take a bean bag ask the children to pass it round the circle as they sing.


At the end of the song the child holding the beanbag should try to 'break the ice' by throwing the beanbag onto the tambourine.

Begin again, passing the beanbag until a new child has a chance to throw it at the end of the song.

Inbheach agus leanabh

Cuir d' òrdagan ri chèile agus sgaoil do chorragan a-mach, gluais do chorragan suas agus sìos mar gur e sgiathan eòin a tha annta fhad 's a tha thu a' seinn.

Sgiathalaich sìos a dh'ithe criomagan bho làmhan càch a chèile an uair a tha thu a' seinn "Bheir mi dhaibh criomagan de dh'aran is buntàta".



Gnìomh buidhne

Beachdaich air an diofar sheòrsa aimsir a tha againn tro mhìosan a' gheamhraidh agus mar a bhios sinn a' cuideachadh ainmhidhean nuair a tha e uamhasach fuar.

Suidh ann an cearcall air an làr, cùm grèim air làmhan càch a chèile agus gluais bho thaobh gu taobh fhad `s a tha thu a' seinn. Cuir tambourine ann am meadhan a' chearcaill agus thoir a chreidsinn gur e lòn reothte a tha ann.

Cleachd poca phònair agus iarr air a' chlann a chur timcheall a' chearcaill fhad `s a tha iad a' seinn.

Aig deireadh an òrain bu chòir an leanabh aig a bheil grèim air a' phoca phònair feuchainn ris 'an deigh' a bhristeadh le bhith a' tilgeil am poca air an tambourine.

Tòisich a-rithist, a' cuir an poca phònair timcheall a' chearcall gus a bheil cothrom aig leanabh eile a thilgeil aig deireadh an òrain.

Expressive arts

EXA 0-16a

Gaelic (learners)

LGL 0-01a / LGL 0-05a / LGL 0-07a / LGL 0-08a

LGL 0-02a

Literacy and Gàidhlig

LIT 0-01a / LIT 0-11a / LIT 0-20a

LGL 1-05a

Health and wellbeing

HWB 0-50a / HWB 1-50a

Experiences & Outcomes





Tha tractar ann an uinneig Bùth MhicChoinnich,
Tractar dearg le rothan mòra dubh,
Abair thusa gura mi bhiodh moiteil,
Nam faighinn fhìn an tractar ud an-diugh.

'S e bhiodh math a tarraing dhachaigh mòine,
Dhuinn fhìn is dha na nàbaidhean air fad,
's mo ghealladh dhut gum biodh e cheart cho feumail,
A' treabhadh is a' cliathadh a' bhuntat'.

Chuidichinn-sa m' athair leis an arbhar,
Cha ghearainean gu brath gu robh mi sgìth,
Bhithinn trang gach là o mhoch gu anmoch,
Nam faighinn-sa an tractar ud dhomh fhìn.

Sit on a chair and hold hands with your child as they sit facing you on your knee.

As you sing the song, gently bounce the child on your knee as they take a ride on the tractor.

Group activity

Introduce the song and explain that it is about a tractor. Elicit different uses for tractors and vehicles and the services they provide related to food.

Sing the song and ask the children to think of actions to match the words.

Sing the song again, walking round in a circle, use your arms as the wheels and move them round in time to the music.

Choose different tempos to sing the song and move faster or slower accordingly.

Inbheach agus leanabh

Suidh air cathair le do leanabh air do ghlùinean dhad choimhead, agus gabh grèim air a làmhnan.

Fhad 's a tha thu a' seinn an t-òran, bunsaid an leanabh gu socair air do ghlùin mar gum biodh iad a' falbh air tractar!



Gnìomh buidhne

Innis gur e seo òran mu dheidhinn tractar. Beachdaich air mar a bhios daoine a' cleachdadh tractaran agus carbadan mar sin agus ciamar a tha seo ceangailte ri na seirbheisean a tha againn gus biadh a thoirt dhuinn.

Seinn an t-òran agus iarr air a' chlann smaoineachadh air gnìomhan a thèid le na faclan.

Seinn an t-òran a-rithist, coisich timcheall ann an cearcall, gluais do ghàirdeanan mar chuibhleachan ann an tìm ris a' cheòl.

Tagh diofar astar airson an t-òran seo a sheinn agus gluais nas luaithe no nas socaire da rèir.

Experiences & Outcomes

Gaelic (learners)


LGL 0-01a / LGL 0-05a / LGL 0-07a / LGL 0-08a
LGL 0-02a

Literacy and Gàidhlig

LIT 0-01a / LIT 0-11a / LIT 0-20a
LIT 0-01c

Health and wellbeing

HWB 0-50a / HWB 1-50a



Bodach Beag Annasach



Choinnich mise bodach beag annasach,
bodach beag annasach, bodach beag annasach,
choinnich mise bodach beag annasach
shuas air cnoc na sìthiche.

Bha bonaid uaine fada agus gobach air,
fada agus gobach air, fada agus gobach air,
bha bonaid uaine fada agus gobach air
shuas air cnoc na sìthiche.

Bha seacaid dhearg le putanan buidhe air,
putanan buidhe air, putanan buidhe air,
bha seacaid dhearg le putanan buidhe air
shuas air cnoc na sìthiche.

Bha briogais ghorm le rionnagan geala air,
rionnagan geala air, rionnagan geala air,
bha briogais ghorm le rionnagan geala air
shuas air cnoc na sìthiche.

Bha stocainnean striopach purpaidh is orains air,
purpaidh is orains air, purpaidh is orains air,
bha stocainnean striopach purpaidh is orains air
shuas air cnoc na sìthiche.

Bha brògan le glagan òr agus airgead air,
òr agus airgead, òr agus airgead,
bha brògan le glagan òr agus airgead air
shuas air cnoc na sìthiche.

Bha feusag fhada 's cluasan biorach air,
cluasan biorach air, cluasan biorach air,
bha feusag fhada 's cluasan biorach air
shuas air cnoc na sìthiche.

Rinn e lachan gàire 's e cho toilichte,
's e cho toilichte, 's e cho toilichte,
rinn e lachan gàire 's e cho toilichte
shuas air cnoc na sìthiche.

Draw a picture of the 'bodach beag annasach' together before you sing the song, basing your drawing on the words.

Point to the names of the clothes as you sing about them.

Listen again but this time colour in his clothes as described in the song such as a green bonnet, red jacket, gold buttons etc

Sing the song again together and hold up the correct coloured pen as they are mentioned. Make sure the pen lids are on!

Group activity

Practice singing the song, miming the clothes mentioned in each verse. Sit in a circle and place a pile of dressing up clothes in the middle.

Walk around the circle and tap one child on the shoulder after you have completed singing the first verse.

The child should go to the middle and try to get all the clothes on before the end of the song.

Sing again and ask the same child to walk around the circle. They should then choose a different child to dress up after the first verse.


Inbheach agus leanabh

Dèan dealbh de 'bhodach beag annasach' còmhla mus seinn thu an t-òran.
Cleachd na faclan airson an dealbh a dhèanamh.

Nuair a tha thu a' seinn comharraich an aodach eadar-dhealaichte anns an dealbh.

Èist a-rithist ach an turas seo cuir an dath ceart dhan dealbh mar a tha air a mhìneachadh san t-òran – bonaid uaine, seacaid dhearg, putanan òr s.m.s.a.a.

Seinn an t-òran a-rithist còmhla ach gabh grèim air peann leis an dath ceart mar a tha na dathan air an ainmeachadh san t-òran. Dèan cinnteach gu bheil na mullaich air na pinn!



Gnìomh buidhne

Seinn an t-òran, a' balbh-aithris an aodaich eadar-dhealaichte a tha air ainmeachadh anns gach rann.

Suidh ann an cearcall agus cuir aodach ann am meadhain a' chearcaill.

Coisich timcheall a' chearcaill agus cuir do làmhan air gualain aon leanabh às dèidh dhut a' chiad rann a sheinn.

Bu chòir an leanabh a dhol dhan mheadhan agus a h-uile pìos aodach a chuir orra ro dheireadh an òrain.

Tòisich a' seinn a-rithist agus iarr air an leanabh coiseachd timcheall a' chearcaill. Feumaidh iadsan cuideigin eile a thaghadh a chuireas orra an aodach.

Experiences & Outcomes

Expressive arts

EXA 0-16a

EXA 0-08a

EXA1-17a

Gaelic (learners)

LGL 0-01a / LGL 0-05a / LGL 0-07a / LGL 0-08a

LGL 0-02a

Literacy and Gàidhlig

LIT 0-01a / LIT 0-11a / LIT 0-20a

LIT 0-01c



Crathaidh mi mo làmhnan



Crathaidh mi mo làmhnan, crathaidh mi mo làmhnan,
crathaidh mi, is crathaidh mi,
is crathaidh mi mo làmhnan.

Breabaidh mi mo chasan, breabaidh mi mo chasan,
breabaidh mi, is breabaidh mi,
is breabaidh mi mo chasan.

Bualaidh mi mo bhois, bualaidh mi mo bhois,
bualaidh mi, is bualaidh mi,
is bualaidh mi mo bhois.

Slaodaidh mi mo shròin, slaodaidh mi mo shròin,
slaodaidh mi, is slaodaidh mi,
is slaodaidh mi mo shròin.



Priobaidh mi mo shùil, priobaidh mi mo shùil,
priobaidh mi, is priobaidh mi,
is priobaidh mi mo shùil.

Dioglaidh mi do mhionach, dioglaidh mi do mhionach,
dioglaidh mi, is dioglaidh mi,
is dioglaidh mi do mhionach.

Adult and child

Crathaidh mi mo làmhan

- Follow the actions of the song as you sing.
- Shake your hands for 'crathaidh mi mo làmhan'
- Kick your feet for 'breabaidh mi mo chasan'
- Clap your hands for 'bualaidh mi mo bhois'
- Pull your nose for 'slaodaidh mi mo shròin'
- Blink your eye for 'priobaidh mi mo shùil'
- Tickle each other's tummies for 'dioglaidh mi do mhionach'.

Group activity


How many different body parts can the children name? Use a doll to help you to name the different parts.

Sing the song and move the parts of your body as described.

Sing the song again but miss out the name of the body part while continuing to move the part. e.g .. 'Crathaidh mi mo..... Crathaidh mi mo....' Can you stay in tune and keep in time?

Inbheach agus leanabh

- Lean gnìomhan an t-òran fhad `s a tha thu a' seinn
- Crath do làmhan airson 'crathaidh mi mo làmhan'.
- Breab do chasan airson 'breabaidh mi mo chasan'.
- Buail do bhoisean airson 'bualaidh mi mo bhois'.
- Slaod do shròin airson 'slaodaidh mi mo shròin'.
- Priob do shùil airson 'priobaidh mi mo shùil'.
- Diogail mionach chuideigin eile airson 'dioglaidh mi do mhionach'.



Gnìomh buidhne

Cò mheud pàirt eadar-dhealaichte den bhodhaig is urrainn dhan chloinn ainmeachadh? Cleachd doile airson cuideachadh le na pàirtean eadar-dhealaichte.

Seinn an t-òran agus gluais na pàirtean eadar-dhealaichte.

Seinn an t-òran a-rithist ach fàg às ainm pàirt den bhodhaig ach cum ort a' gluasad. Mar eisimpleir, 'crathaidh mi mo.....crathaidh mi mo..... An urrainn dhut am fonn a chumail agus cumail ris buille a' chiùil?

Expressive arts

EXA 0-16a

EXA 0-08a

Health and wellbeing

HWB 0-21a

HWB 0-22a

HWB 0-47b

Gaelic (learners)

LGL 0-01a / LGL 0-05a / LGL 0-07a / LGL 0-08a

LGL 0-02a

Literacy and Gàidhlig

LIT 0-01a / LIT 0-11a / LIT 0-20a

Sciences

SCN 0-11a

Experiences & Outcomes



Dànaidh beag an dràgon

A stylized illustration of a guitar. The body is brown with a blue sound hole. The neck is brown and has a dragon's head at the top, with two small horns and a snout. The strings are white. The text 'Dànaidh beag' is written in green above the guitar, and 'an dràgon' is written in orange below it.

Dànaidh beag an dràgon a' fuireach anns a' ghleann,
Brògan air a chasan agus ad air a cheann.

Dànaidh beag an dràgon a' fuireach anns a' ghleann,
Coilear snog mu amhaich agus geansaidh air a chom.

Dànaidh beag an dràgon bidh e dol gu mòine,
bidh e dol dhan bhaile agus bidh e dol dhan sgoil

Tha e math air cleasachd, tha e math air danns',
thig e dha na cròileagain a chluiche leis a' chloinn.

Dànaidh beag an dràgon a' gàireachdainn le spòrs,
a' roilgeadh air ùrlar 's a' dannsa air a' bhòrd.

Cluiche fad an là gus am fàs e sgìth,
thèid e dhan leabaidh agus gheibh e cupa tì.

Dànaidh beag an dràgon a' fuireach anns a' ghleann,
Brògan air a chasan agus ad air a cheann.

Dànaidh beag an dràgon a' fuireach anns a' ghleann,
Coilear snog mu amhaich agus geansaidh air a chom.

Adult and child

Dànaidh beag an dràgon

Take some floaty scarves and wave them over your head as you sing. Dance, roll and fly around with your scarves like Dànaidh beag.

Don't forget to go to bed and have a cup of tea! 'thèid e dhan leabaidh agus gheibh e cupa tì'.

Group activity

Practise singing the song quietly and loudly using different voices.

Learn the words by using a happy voice, sad voice, scary voice, robot voice, dragon voice etc.

Stand in a circle and think of actions to match the words of the song.

Take it in turns and let a couple of children spin ribbons or scarves in the centre of the circle like flying dragons whizzing by.

Inbheach agus leanabh

Cleachd beannagan aotram agus crath iad os do cheann nuair a tha thu a' seinn.

Cleachd na beannagan gus dannsa, roiligeadh agus sgeith timcheall dìreach mar Dànaidh beag.

Na dìochuimhnich a dhol dhan leabaidh le cupan tì!



Gnìomh buidhne

Obraich le bhith a' seinn an t-òran gu socair agus ann an guth àrd le bhith a' cleachdadh guthan eadar-dhealaichte.

Ionnsaich na facail le bhith a' cleachdadh guth toilichte, guth brònach, guth eagallach, guth robot, guth dràgon 's.m.s.a.a.

Seas ann an cearcall agus smaoinich air gnìomhan a thèid le na faclan.

Thoir cothrom do leanabh no dithis seasamh ann am meadhan a' chearcaill agus na beannagan a chleachdadh gus ìomhaigh dràgon a chruthachadh.

Experiences & Outcomes

Expressive arts

EXA 0-16a

Gaelic (learners)

LGL 0-01a / LGL 0-05a / LGL 0-07a / LGL 0-08a

LGL 0-02a

Literacy and Gàidhlig

LIT 0-01a / LIT 0-11a / LIT 0-20a



Digear Dhòmhnaill Ruaidh



Thall anns a' bhaile againn,
's anns an sgìre air fad mun cuairt,
tha a h-uile duine eòlach,
air digear Dhòmhnaill Ruaidh.

Ma tha pìoban rin cur sìos,
no taighean rin cur suas,
ann an sin gu cinnteach,
bidh digear Dhòmhnaill Ruaidh.

A' tolladh is a' cladhach,
biodh an obair mòr no beag,
nì digear Dhòmhnaill Ruaidh a' chùis,
air talamh no air creag.

Tha sluasaid air an toiseach aige,
's greimear air a' chùl,
gu dearbh 's e inneal feumail
a th' ann an digear Dhòmhnail Ruaidh.

Ma tha cùmhnant obrach agad,
's g' eil an obair cruaidh,
chan eil càil nas fheàrr,
na cur a dh'iarraidh Dòmhnall Ruadh.

'S an ùine nach bi fada,
bidh an obair air do chùl,
is fàgaidh tu na beannachdan
aig digear Dhòmhnail Ruaidh.

Adult and child

Digear Dhòmhnail Ruidh

Sit on a chair and hold hands with your child as they sit facing you on your knee.

As you sing the song, gently bounce the child on your knee as they take a ride on the digger.

Group activity

Introduce the song and explain that it is about a digger. Elicit different uses for diggers and other vehicles for work and the home.

Sing the song and ask the children to think of actions to match the words.

Sing the song again, walking round in a circle, use your arms to scoop and throw in time to the music.

Choose different tempos to sing the song and move faster or slower accordingly.

Inbheach agus leanabh

Suidh air cathair le do leanabh air do ghlùinean dhad choimhead, agus gabh greim air a làmh.

Fhad 's a tha thu a' seinn an t-òran, bunaig an leanabh gu socair air do ghlùn mar gum biodh iad a' falbh air digear!



Gnìomh buidhne

Innis gur e seo òran mu dheidhinn digear. Beachdaich air mar a tha digearan, agus carbadan eile, air an cleachdadh ann an diofar dhòighean ann an saoghal na h-obrach agus aig an dachaigh.

Seinn an t-òran agus iarr air a' chlann smaoinichadh gnìomhan air a thèid le na faclan.

Seinn an t-òran a-rithist, coisich ann an cearcall, cleachd do ghàirdean airson gluasad ann an tìm n 's an t-òran

Tagh diofar astar airson an t-òran seo a sheinn agus gluais nas luaithe no nas socaire da rèir.

Experiences & Outcomes

Expressive arts

EXA 0-16a

Gaelic (learners)

LGL 0-01a / LGL 0-05a / LGL 0-07a / LGL 0-08a

LGL 0-02a

Literacy and Gàidhlig

LIT 0-01a / LIT 0-11a / LIT 0-20a

Social Studies

SOC 0-20





Èisg bhig, èisg bhig, nach tu tha math air snàmh?
Gu dearbha feumaidh mise sin oir bidh mi snàmh gu bràth.

Èisg bhig, èisg bhig, am fairich thusa fuachd?
Chan fhairich idir, 'ille chòir, ged tha mi measg nan stuadh.

Èisg bhig, èisg bhig, a bheil thu idir sgìth?
O chan eil, chan eil, chan eil, cha toigh leam bhith air tìr.

Èisg bhig, èisg bhig, a leig thu idir d' anail?
Is math a dh'fhaodas mise sin a-staigh am measg an
fheamainn.

Èisg bhig, èisg bhig, dè dh'ith thu an-diugh?
Lugaichean is boiteagan, is smodal anns an t-sruth.

Èisg bhig, èisg bhig, càite bheil do dhachaigh?
Tha mo dhachaigh anns a' chuan mìle mach on chladach.

Enjoy singing the song about a little fish.

As you listen use some pens or paint to create an ocean seascape inspired by the music.

Group activity

Elicit vocabulary connected to fish and the sea.

Practice the song until everyone is familiar with the words.

Split your group into two and sing the song as call and response. One group sings the questions beginning 'Èisg bhig' and the other group responds with the second line.

Inbheach agus leanabh

Bidh subhach a' seinn òran mu iasg bheag

Fhad 's a tha thu a' seinn cleachd peanaichean no peant gus dealbh a dhèanamh den mhuir agus na rudan annasach a chithear ann.



Gnìomh buidhne

Beachdaich air facail ceangailte ri èisg agus a' mhuir.

Seinn an t-òran gus a bheil a h-uile duine eòlach air na facail.

Dèan dà bhuidheann agus seinn an t-òran mar èigh is freagairt. Bidh a' chiad buidheann a' seinn na ceistean a' tòiseachadh 'Èisg bhig' agus tha am buidheann eile a' freagairt leis an dàrna loidhne.

Experiences & Outcomes

Expressive arts

EXA 0-16a


Gaelic (learners)

LGL 0-01a / LGL 0-05a / LGL 0-07a / LGL 0-08a

LGL 0-02a

Literacy and Gàidhlig

LIT 0-01a / LIT 0-11a / LIT 0-20a





Mise fear a' bhainne agus seo agaibh m' òran,
Aon phinnt, dà phinnt, òlaibh gu leòr dheth

Aon phinnt, dà phinnt, gheibh sibh gruth is bàrr as,
Aon phinnt, dà phinnt, ìm agus càise.

Aon phinnt, dà phinnt,
tha e math dha d' fhiaclan,
aon phinnt, dà phinnt,
òl le do bhiadh e.

Aon phinnt, dà phinnt,
cuir e air do chornflakes,
aon phinnt, dà phinnt
lit agus pròdhas.

Adult and child

Fear a' bhainne

Sit facing a child with their hands in fists in front of you.

When you sing the line 'aon phinnt, dà phinnt' tap their fists one at a time with your own hands.

Take it in turns to do the tapping and holding your fists out.

Group activity

Elicit different types of healthy food and drinks, where do they come from?
Discuss where milk comes from and what can be made from it?

Sing the song through and mime drinking a glass of milk each time you sing 'aon phinnt, dà phinnt'.

Think of different actions to do every time you sing 'aon phinnt, dà phinnt' such as jumping up and down, clapping your hands, tapping your head etc.


Now sing the song without singing 'aon phinnt, dà phinnt' but continue doing the chosen action. Can you keep in time and stay in tune?

Inbheach agus leanabh

Suidh mu choinneamh an leanabh len làmhan ann an cruth dòrn.

Nuair a tha thu a' seinn 'aon phinnt, dà phinnt' gnog na dòrnan aca le do làmhan.

Biodh duine mu seach a' dèanamh a ghnogadh agus a' cumail a-mach an duirn.



Gnìomh buidhne

Beachdaich air biadh agus deoch fallainn – cò às a tha iad a' tighinn?

Beachdaich air cò às a tha bainne a' tighinn agus dè na rudan a ghabhas dèanamh leis?

Seinn an t-òran agus a h-uile turas a sheinneas tu 'aon phinnt, dà phinnt' thoir a chreidsinn gu bheil thu ag òl glainne bainne.

Smaoinich air gnìomhan eadar-dhealaichte fhad 's a bhios tu a' seinn 'aon phinnt, dà phinnt.' Mar eisimpleir, dh'fhaodadh tu leum suas is sìos, do bhoisean a bhuaileadh no bhith a' gnogadh do cheann 's.m.s.a.a.

Seinn an t-òran a' fàgail às na faclan 'aon phinnt, dà phinnt ach fhathast a' dèanamh an gnìomh. An urrainn dhut cumail ann an tìm agus cumail ris an fhonn?

Expressive arts

EXA 0-16a

Gaelic (learners)

LGL 0-01a / LGL 0-05a / LGL 0-07a / LGL 0-08a

LGL 0-02a

Literacy and Gàidhlig

LIT 0-01a / LIT 0-11a / LIT 0-20a

Health and wellbeing

HWB 0-15a / HWB 1-15a / HWB 2-15a / HWB 3-15a / HWB 4-15a

Numeracy across learning

MNU 0-02a

Social Studies

SOC 0-20a

Experiences & Outcomes





Luchag bheag, luchag bheag a' feitheamh anns an toll,
Luchag bheag, luchag bheag, trobhad a null.
Cha tèid mi idir, idir ann, cha tèid mi idir ann
An cat mòr gibeach an-sin a' feitheamh rium.

Cat mòr gibeach a' feitheamh aig an toll
cat mòr gibeach a' feitheamh aig an toll
cat mòr gibeach a' feitheamh aig an toll
luchag bheag cho laghach 's i a' crathadh a ceann.

Hold a blanket over your head as you pretend to be the mouse waiting in the hole.

Take the blanket off, shake your head and wag your finger in time to the music as you sing 'Cha tèid mi idir, idir ann, cha tèid mi idir ann'.

Pretend to stroke your whiskers as you sing 'Cat mòr gibeach a' feitheamh aig an toll.'

Shake your head as you sing, ' luchag bheag cho laghach 's i a' crathadh a ceann'.

Group activity

Sit in a circle. Think of actions to compliment the words. One child should be chosen as the mouse and one as the cat.

During the 2nd verse one child should walk to the beat around the outside of the circle as the cat. The mouse should remain sitting.

Once the song has been sung the mouse should try to run round the group back through their space to the middle of the circle. The cat should try to catch the mouse before he/she gets to the middle.

Begin the song again with a new cat and mouse.


Inbheach agus Leanabh

Cuir plaide air do cheann agus thoir a chreidsinn gur tu an luchag a' feitheamh anns an toll.

Thoir dhìot a' phlaide, crath do cheann agus gluais do chorrach ann an tìm ris a' cheòl fhad 's a tha thu a' seinn 'Cha tèid mi idir, idir ann'.

Tha thu a' toirt a chreidsinn gu bheil thu a' sliobadh do ribeagan nuair a tha thu a' seinn 'Cat mòr gibeach a' feitheamh aig an toll'.

Crath do cheann nuair a tha thu a' seinn 'luchag bheag cho laghach 's i a' crathadh a ceann'.



Gnìomh buidhne

Suidh ann an cearcall. Smaoinich air gnìomhan airson a dhol le na faclan. Tagh leanabh a chluicheas an luchag agus cuideigin a chluicheas an cat.

Anns an dàrna rann bu chòir an leanabh a chaidh a thaghadh mar an cat coiseachd taobh a-muigh a' chearcaill a' cumail buille ris an t-òran. Bu chòir an luchag fuireach na suidhe.

Nuair a tha an t-òran deiseil bu chòir an luchag ruith timcheall na buidhne, air ais dhan àite aca fhèin agus a-steach gu meadhan a' chearcaill. Bu chòir an cat ruith gus feuchainn ri grèim fhaighinn air an luchag mus ruig e/i am meadhan.

Tòisich a-rithist le cat agus luchag ùr.

Experiences & Outcomes

Expressive arts

EXA 0-16a

Gaelic (learners)

LGL 0-01a / LGL 0-05a / LGL 0-07a / LGL 0-08a LGL 0-02a

Literacy and Gàidhlig

LIT 0-01a / LIT 0-11a / LIT 0-20a





O cò ghoid am bonnach

O cò ghoid am bonnach, ghoid am bonnach, ghoid am bonnach,
O cò ghoid am bonnach, am bonnach a rinn Màiri.

Chuir i am bonnach air an truinnsair air a' bhòrd mar bu chòir
'S nuair a chaidh i air a thòir cha robh mìr air fhàgail.

O cò ghoid am bonnach, ghoid am bonnach, ghoid am bonnach,
O cò ghoid am bonnach, am bonnach a rinn Màiri.

Nuair a chunnaic i mar bha
leig i èigh aiste a bha garbh
's i ri maoidhean pian is cràidh
dhan mhèirleach dhubh a dh'fhalbh leis.

O cò ghoid am bonnach,
ghoid am bonnach, 's a dh'ith am bonnach
o cò ghoid am bonnach,
am bonnach a rinn Màiri?

Adult and child

O cò ghoid am bonnach

Take a scarf and hold one end each.

Place a teddy in the middle of the scarf and try to toss it and catch it in the air as you sing.

Place your child over your knee as you sing and bounce them up and down.

Group activity

Stand in a circle. Take a wide stretchy sheet or a large piece of lycra and ask everyone to hold the edges.

Let a couple of children sit underneath and poke their fingers up through the material in time to the music or swing the material up and down over their heads as you sing.


Take a teddy and bounce it to the music on the material. If it falls off then the teacher wins a point but if it stays on then the children win.

Inbheach agus leanabh

Faigh stoc agus cùm grèim air gach ceann.

Cuir an teadaidh ann am meadhan an stoc agus tilg e chan adhar agus beir air a-rithist fhad 's a tha thu a' seinn.

Le do leanabh na shuidhe air do ghlùn, bunaig e/i suas is sìos fhad 's a tha thu seinn.



Gnìomh buidhne

Seas ann an cearcall. Gabh grèim air siota mòr no pìos lycra agus iarr air a h-uile duine grèim fhaighinn air na h-oirean.

Leig le leanabh no dithis suidhe fon siota agus na corragan aca a chur suas tron t-siota a rèir buille a' chiùil no gluais an siota suas agus sìos os an cinn aca fhad 's a tha thu a' seinn.

Cleachd teadaidh agus bunsaig e air an t-siota a rèir buille a' chiùil. Ma thuiteas e tha an tidsear a' faighinn comharra ach ma dh'fhuiricheas e tha a' chlann a' faighinn comharra.

Experiences & Outcomes

Expressive arts

EXA 0-16a

Gaelic (learners)


LGL 0-01a / LGL 0-05a / LGL 0-07a / LGL 0-08a

LGL 0-02a

Literacy and Gàidhlig

LIT 0-01a / LIT 0-11a / LIT 0-20a

LIT 0-01



Ràith a' gheamhraidh



Ràith a' gheamhraidh,
fliuch agus fuar,
coirc anns an iodhlainn,
mòine anns a' chruaich.

Ràith a' gheamhraidh
reothte, sleamhainn
sgàilean deigh
air lòn agus abhainn.
Ràith a' gheamhraidh,
gailleanach, gaothach, lèintean
a' slacadaich, air an
t-sreang-aodaich.

Ràith a' gheamhraidh, reòthte,
sleamhainn, sgàilean deigh,
air lòn agus abhainn.

Ràith a' gheamhraidh
clachan-meallain gnogadh
air uinneagan dannsa air an
talamh.

Ràith a' gheamhraidh dorch
anns a' mhadainn dorch
tràth feasgar dorch anns an
leabaidh.

Ràith a' gheamhraidh
Santa Claus
cairtean Nollaig
cluiche le toidhs.
Ràith a' gheamhraidh
sneachda geal
sneachda domhainn
deàlrach, glan.

Ràith a' gheamhraidh
thèid i seachad
thig an uair sin
ràith an earraich.

Listen to the song and draw a winter scene with all the types of weather mentioned.

Sing along and think of actions to match the words, e.g tap your cheeks for 'gnogadh air uinneagan' and tap your fingers on your head for 'dannsa air an talamh'.

Cover your eyes for 'dorch anns a' mhadainn' and wiggle your fingers up and down for 'sneachda geal'.

Group activity

Discuss the seasons - which is your favourite and why? Elicit vocabulary associated with winter.

Practice singing the song and keeping a steady beat as you sing by clapping, tapping your knees or tapping the floor.

Practice making the rhythm of the words by clapping their syllables or by using claves.

Split the group into two. Ask one group to keep a steady beat while the others tap the rhythm of the words. Do this while singing all together.

Split the group into two again. One group should keep a steady beat while the second group taps specific rhythmical phrases, such as 'gnogadh air uinneagan dannsa air an talamh'.

Inbheach agus leanabh

Èist ris an òran agus dèan dealbh de là geamhradail a' gabhail a-steach an diofar seòrsa aimsir a tha air ainmeachadh san òran.

Seinn an t-òran agus smaoinich air gnìomhan a thèid le na faclan, m.e dannsa le do chorragan air do ghruaidhean airson 'gnogadh air uinneagan' agus dannsa le do chorragan air do cheann airson 'dannsa air an talamh'.

Cuir do làmhan air do shùilean airson 'dorch anns a' mhadainn' agus ghluais do chorragan suas agus sìos airson 'sneachda geal'.

Gnìomh buidhne

Beachdaich air na ràithean – dè an ràith is fheàrr leat agus carson?

Beachdaich air faclan co-cheangailte ris a' gheamhradh.

Tòisich a' seinn an òrain agus cùm a' bhuille fhad 's a tha thu a' seinn tro bhith a' bualadh do bhoisean, a' bualadh do ghluinean no dèan ceòl-cheum air an làr.

Obraich air ruitheam na faclan le bhith a' bualadh nan lide no tro bhith a' cleachdadh bior-fuaimneachaidh.

Ann an dà bhuidheann, iarr air' a chiad bhuidheann buille a chumail fhad 's a tha an dàrna buidheann a' toirt buille air ruitheam nam faclan. Dèan seo fhad sa tha a h-uile duine a' seinn còmhla.

A-rithist, ann an dà bhuidheann. Bu chòir a' chiad bhuidheann buille rèidh a chumail fhad sa tha an dàrna buidheann a' toirt buille air ruitheam abairtean shònraichte leithid “gnogadh air uinneagan, dannsaa air an talamh.

Experiences & Outcomes

Expressive arts

EXA 0-16a
EXA 0-08a
EXA 1-17a

Gaelic (learners)

LGL 0-01a / LGL 0-05a / LGL 0-07a / LGL 0-08a
LGL 0-02a
LGL 0-02a
LGL 1-05a

Literacy and Gàidhlig

LIT 0-01a / LIT 0-11a / LIT 0-20a
LIT 0-01c





Rinn sinn
bodach-sneachda
an-diugh

Rinn sinn bodach-sneachda an-diugh
rinn sinn bodach-sneachda an-diugh
rinn sinn bodach-sneachda an-diugh
bodach reamhar sneachda.

Bodach mòr le sùilean dubh bodach mòr le sùilean dubh
bodach mòr le sùilean dubh bodach reamhar sneachda.

Stoc mu amhaich 's ad mu cheann
stoc mu amhaich 's ad mu cheann
stoc mu amhaich 's ad mu cheann
bodach reamhar sneachda.

Bodach bochd le casan fuar
bodach bochd le casan fuar
bodach bochd le casan fuar
bodach reamhar sneachda.

Rinn sinn bodach-sneachda an-diugh
rinn sinn bodach-sneachda an-diugh
rinn sinn bodach-sneachda an-diugh
bodach reamhar sneachda.

Adult and child

Rinn sinn bodach-sneachda an-diugh

Roll your hands round themselves as you sing the chorus 'Rinn sinn bodach-sneachda an-diugh.'

Make your fingers into circles for 'sùilean dubh'.

Mime your scarf and hat for 'stoc mu amhaich 's ad mu cheann'.

Cross your arms across your chest as you sing 'bodach bochd' and stamp your feet for 'casan fuar'.

Group activity

Hold hands in a circle and skip round clockwise as you sing the chorus. Mime the words for the verse as you stand where you are.

Hold hands for the chorus again and skip round to the beat.


Inbheach agus leanabh

Roilig do làmhan timcheall nuair a tha thu a' seinn na sèist 'Rinn sinn bodach-sneachd an-diugh'.

Cuir do chorragan ann an cearcallan airson na facail 'sùilean dubh'.

Thoir a chreids gu bheil stoc agus ad ort airson na facail 'stoc mu amhaich 's ad mu cheann'.

Paisg do làmhan nuair a tha thu a' seinn 'bodach bochd' agus stamp do chasan airson 'casan fuar'.



Gnìomh buidhne

Cùm grèim air làmhan càch a-chèile agus leum timcheall deiseil nuair a tha thu a' seinn na sèist.

Mìm na facail airson an rann fhad sa tha thu a' seasamh far a bheil thu.

Cùm grèim air làmhan càch a-chèile airson an t-sèist a-rithist agus leum timcheall ann an ùine ris a' bhuille.

Experiences & Outcomes

Expressive arts

EXA 0-16a

Gaelic (learners)

LGL 0-01a / LGL 0-05a / LGL 0-07a / LGL 0-08a

LGL 0-02a

Literacy and Gàidhlig

LIT 0-01a / LIT 0-11a / LIT 0-20a



'S i le cabhaig. sìos am bealach



'S i le cabhaig sìos am bealach seo i tighinn,
'S i le cabhaig sìos am bealach seo i tighinn,
'S i le cabhaig sìos am bealach, cabhaig sìos am bealach,
Le cabhaig sìos am bealach seo i tighinn.

Seinnibh ay, ay, i-pee, i-pee, ay,
Ay, ay i-pee, i-pee, ay
Ay, ay i-pi, Ay, ay i-pi,
Ai, ai i-pi, i-pi, ai.

Is bidh sia eich ga tarraing
seo i tighinn, whoa! stad!
is bidh sia eich ga tarraing
seo i tighinn, whoa! stad!
is bidh sia eich ga tarraing
bidh sia eich ga tarraing
bidh sia eich ga tarraing
seo i tighinn, whoa! stad!

Thèid mi fhìn 's tu fhèin na coinneimh
seo i tighinn, 's i th' ann
thèid mi fhìn 's tu fhèin na coinneimh
seo i tighinn, 's i th' ann
thèid mi fhìn 's tu fhèin na coinneimh
mi fhìn 's tu fhèin na coinneimh
mi fhìn 's tu fhèin na coinneimh
seo i tighinn, 's i th' ann.

Marbhaidh mise coileach ruadh dhi
seo i tighinn, mar seo
marbhaidh mise coileach ruadh dhi
seo i tighinn, mar seo
marbhaidh mise coileach ruadh dhi
mise coileach ruadh dhi
mise coileach ruadh dhi
seo i tighinn, mar seo!

Gheibh sinn feòil is marag mhilis
seo i tighinn, o math!
gheibh sinn feòil is marag mhilis
seo i tighinn, o math!
gheibh sinn feòil is marag mhilis
feòil is marag mhilis
feòil is marag mhilis
seo i tighinn, o math!

Adult and child

'S i le cabhaig sìos am bealach

Jump, clap or swing to the beat as you sing the song.

Clap hands with each other during the chorus 'Seinnibh ay, ay, i-pee..'

Clap your hands three times following the rhythm of the words every time you sing 'seo i tighinn.'

Group activity

Hold hands in a circle.

Skip round in a clockwise direction every time you sing the verse.

Come to a sudden halt when you sing 'woah! stad!' then carry on skipping round.

Stand on the spot for the chorus and use your body as percussion. Stamp your feet twice, tap your knees twice, clap your hands twice and then click your fingers twice. Continue this pattern throughout the chorus 'Seinnibh ay, ay, i-pee...'


Ask the children to think of other different ways of marking the beat using their bodies as percussion.

Inbheach agus leanabh

Leum, buail do bhoisean no gluais ri buille a' chiùil fhad 's a tha thu a' seinn an t-òran.

Buail bhoisean le cuideigin eile nuair a tha thu a' seinn an sèist 'Seinnibh ay, ay, i-pee....'

Buail do bhoisean trì tursan a' leantainn ruitheam nam faclan a h-uile turas a tha thu a' seinn 'seo i tighinn'.



Gnìomh buidhne

Cùm grèim air làmhan càch a chèile ann an cearcall.

Sgiobaig ann an cearcall a h-uile turas a sheinneas tu an rann.

Stad gu h-obann nuair a tha thu a' seinn 'woah! stad!'. Tòisich a' gluasad a-rithist às dèidh sin.

Seas air an spot airson an sèist agus cleachd do bhodhaig mar inneal bualaidh! Stamp do chasan dà thuras, gnog do ghlùinean dà thuras, buail do bhoisean dà thuras agus cliog do chorragan dà thuras. Cùm ris a' phàtran seo tron sèist.

Iarr air a' chlànn smaoinichadh air diofar dhòighean air am buille a chumail a' cleachdadh am bodhaigean mar inneal bualaidh!

Experiences & Outcomes

Expressive arts

EXA 0-16a

EXA 1-17a

Gaelic (learners)

LGL 0-01a / LGL 0-05a / LGL 0-07a / LGL 0-08a


LGL 0-02a

LGL 1-05a

Literacy and Gàidhlig

LIT 0-01a / LIT 0-11a / LIT 0-20a





Bidh iad a' tighinn air oidhche Nollaig,
bidh iad a' tighinn nuair bhios e reothte,
bidh iad a' tighinn air oidhche Nollaig,
na fèidh a' slaodadh Santa Claus!

'S ì ò al ò, 's ì ò al è,
'S ì ò al ò, 's ì ò al è.

Bidh poca làn aig Santa dhuinne,
bidh poca mòr aig air a dhruim,
bidh poca làn aig Santa dhuinne,
rudan math a-staigh na bhroinn!

'S ì ò al ò, 's ì ò al è,
'S ì ò al ò, 's ì ò al è.

Santa Claus 's e cho toilichte,
feusag fhada 's mionach cruinn,
Santa Claus 's e cho toilichte,
lìonaidh e ar stocainn dhuinn.

'S ì ò al ò, 's ì ò al è,
'S ì ò al ò, 's ì ò al è.

Bidh iad a' tighinn air oidhche Nollaig,
bidh iad a' tighinn nuair bhios e reothte,
bidh iad a' tighinn air oidhche Nollaig,
na fèidh a' slaodadh Santa Claus!

'S ì ò al ò, 's ì ò al è,
'S ì ò al ò, 's ì ò al è.

bidh iad a' tighinn air oidhche Nollaig,
na fèidh a' slaodadh Santa Claus!

'S ì ò al ò, 's ì ò al è,
'S ì ò al ò, 's ì ò al è.

Mime actions to match the words of the song.

Take a scarf and wave it in the air like santa's sleigh flying overhead as you sing the chorus.

Throw the scarf over your back for Santa's bag - 'Poca làn' make a beard for 'feusag fhada' and pull your child as you sing 'na fèidh a' Slaodadh Santa Claus'.

Group activity

Sing the song through and mime actions to match the words until the group are familiar with the words and tune.

Explain to the group that you are going to hide one of Santa's toys in the room, but before you hide it one child (Santa) must go outside of the room.

The child who steps outside must find the toy by listening to the group singing the song. If they sing quietly then Santa is far from the toy, if they sing loudly then Santa is near to the toy.


Continue singing until Santa finds the toy and then begin again with a new Santa.

Inbheach agus leanabh

Mìm gnìomhan a tha coltach ri faclan an t-òran.

Cleachd stoc agus crath os do cheann mar shlaodan Santa fhad sa tha thu a' seinn na sèist.

Tilg stoc tarsaing do dhruim airson poca Santa – 'poca làn'. Mìm gu bheil feusag ort airson 'feusag fhada' agus slaod do leanabh nuair a tha thu a' seinn 'na fèidh a' slaodadh Santa Claus'.



Gnìomh buidhne

Seinn an t-òran agus mìm na gnìomhan a thèid le na faclan gus a bheil am buidheann eòlach air na facail agus am fonn.

Minich don bhuidheann gu bheil thu a' dol a chur aon de na dèideagan aig Santa Claus air falach, ach mus dèan thu sin feumaidh aon leanabh (Santa) a dhol a-mach às an t-seòmar.

Nuair a thilleas an leanabh dhan rùm feumaidh e/i an dèideag a lorg tro bhith ag èisteachd ris a' bhuidheann a' seinn an t-òran. Mar as àirde a tha an t-seinn 's ann is fhaisg a tha Santa air an dèideig.

Cùm a' seinn gus am faigh Santa lorg air an dèideig agus tòisich a-rithist le Santa ùr.

Experiences & Outcomes

Expressive arts

EXA 0-16a

Gaelic (learners)

LGL 0-01a / LGL 0-05a / LGL 0-07a / LGL 0-08a

LGL 0-02a

Literacy and Gàidhlig

LIT 0-01a / LIT 0-11a / LIT 0-20a





Splis! splais! Cuir ort do bhòtannan
tha e fliuch an-diugh
splis! splais! Cuir ort do bhòtannan
tha e fliuch an-diugh.

Tha an t-uisge air an uinneig
piotair, patair, piotair, patair
tha an t-uisge air an uinneig
fad an là an-diugh.

Splis! splais! Cuir ort do bhonaid
tha e fliuch an-diugh
splis! splais! Cuir ort do bhonaid
tha e fliuch an-diugh.

Tha an t-uisge air an doras
piotair, patair, piotair, patair
tha an t-uisge air an doras
fad an là an-diugh.

Splis! splais! Cuir ort do sheacaid
tha e fliuch an-diugh
splis! splais! Cuir ort do sheacaid
tha e fliuch an-diugh.

Tha an t-uisge air an talamh
piotair, patair, piotair, patair
tha an t-uisge air an talamh
fad an là an-diugh.

Splis! splais! Cuir ort do mhiotagan
tha e fliuch an-diugh
splis! splais! Cuir ort do mhiotagan
tha e fliuch an-diugh.

Tha an t-uisge air an talamh
piotair, patair, piotair, patair
tha an t-uisge air an talamh
fad an là an-diugh.

Clap your hands together twice in time as you sing 'Splis! Splais!' Or clap hands with your child.

Mime putting on the clothes described in the song as they are mentioned.

Walk your fingers lightly up and down your child's arm as you sing 'Piotar, patair, piotair, patair'.

Tap your fingers softly on your heads as you sing 'Tha an t-uisge are an talamh'.

Group activity

Discuss the type of clothes you will need for different types of weather. Try to include the clothes used in the song.

Sit in pairs facing a partner within a circle. Clap hands with your partner for the first 'Splis!' and clap your own knees for the 'Splais!'

Tap your feet when you sing 'Cuir ort do bhòtannan' Tap your head for 'Cuir ort do bhonaid', shoulders for 'seacaid' and clap your hands for 'miotagan'

Wiggle your fingers up and down in front of you as you sing 'piotair patair.' Move from a high to low position, following the pitch of the song.


Inbheach agus leanabh

Buail do bhoisean dà thuras nuair a tha thu a' seinn 'Splis! Splais! No cuidich do leanabh le bhith a' bualadh am boisean.

Mas fhìor gu bheil thu a' cur ort an aodach mar a th' anns an t-òran.

Gu socair, le do chorragan coisich suas agus sìos gàirdean do leanabh nuair a tha thu a' seinn 'Piotair, patair, piotair, patair'.

Suath do chorragan, gu socair, air ur cinn fhad 's a tha thu a' seinn 'Tha an t-uisge air an talamh'.



Gnìomh buidheann

Bruidhinn mun aodach a dh'fheumas tu airson diofar sheòrsa aimsir. Feuch gun cleachd thu an aodach a tha anns an t-òran.

Suidh le caraaid mud choinneimh an taobh a-staigh cearcall. Buail boisean le do charaid airson a' chiad 'Splis' agus buail do ghlùinean fhèin airson 'Splais!'

Ceòl-bhuail do chasan nuair a tha tu a' sinn 'Cuir ort do bhòtannan'. Gnog do cheann airson 'Cuir ort do bhonaid' agus buail do bhoisean a-rithist airson 'Cuir ort do mhiotagan'.

Gluais do chorragan a-null 's a-nall nuair a tha thu a' seinn 'piotair patair'. Tòisich gu h-àrd agus gluais do chorragan sìos a' leantainn àirde-fuaim an t-òran.

Experiences & Outcomes

Expressive arts

EXA 0-16a

Gaelic (learners)

LGL 0-01a / LGL 0-05a / LGL 0-07a / LGL 0-08a

LGL 0-02a

Literacy and Gàidhlig

LIT 0-01a / LIT 0-11a / LIT 0-20a



Tha bàta seòladh air a' chuan



Tha bàta seòladh air a' chuan
tha bàta seòladh air a' chuan
tha bàta seòladh air a' chuan
is Alasdair ga stiùireadh.

Thèid i chun an ear 's an iar
thèid i chun an ear 's an iar
thèid i chun an ear 's an iar
is Alasdair ga stiùireadh.

Dha na h-Innsean fad' air falbh
dha na h-Innsean fad' air falbh
dha na h-Innsean fad' air falbh
is Alasdair ga stiùireadh.

Thèid i cuairt a-null dhan Fhraing
thèid i cuairt a-null dhan Fhraing
thèid i cuairt a-null dhan Fhraing
is Alasdair ga stiùireadh.

Thig i dhachaigh 'm beul na h-oidhche
thig i dhachaigh 'm beul na h-oidhche
thig i dhachaigh 'm beul na h-oidhche
is Alasdair ga stiùireadh.

Adult and child

Tha Bàta Sòladh air a' chuan

Sit on the floor and face your child holding hands.

Swing from side to side like a boat sailing through the water.

Pretend the water is calm and move more gently or build up into a big storm with bigger movements.

Fill up a bowl with water and steer a toy through the water as you sing.

Group activity

Stand in a circle. Choose one child to be Alasdair the captain of the boat. The child should skip around the circle during the verse until the chorus when they should then choose another child.

The 2nd child should hold onto the first child's shoulders and skip round the group during the verse, conga style. The 2nd child should then tap a 3rd child during the next chorus and they should hold onto the 2nd child's shoulders as before.

Continue singing until everyone has been chosen to join the conga line and you have one long line of children holding onto each other's shoulders. They should skip around to the song following the leader 'Alasdair ga stuireadh'.


Inbheach agus leanabh

Suidh air an làr mu choinneamh do leanabh agus cum grèim air a làmhan.

Gluais bho thaobh gu taobh mar gu bheil thu air bàta a' seòladh tron chuan.

Thoir a chreids gu bheil an uisge socair agus gluais nas socaire. Gluais nas luaithe mar gum biodh stoirm mòr air fàire!

Lìon bobhla làn uisge agus stiùir dèideag tron uisge fhad 's a tha thu a' seinn.



Gnìomh buidhne

Seas ann an cearcall. Tagh leanabh a chluicheas Alasdair, an sgiobair. Bu chòir an leanabh seo leum timcheall an cearcall tron rann. Nuair a thòisicheas an sèist bu chòir dhaibh leanabh eile a thaghadh.

Bu chòir an dàrna leanabh cumail grèim air guailnean a' chiad leanabh agus dannsaa timcheall na bhuidhne, ann an dòigh conga. Tha an dàrna leanabh a-nis a' taghadh an treas leanabh agus thèid iadsan air cùl an darna leanabh.

Cum ort a' seinn gus a bheil a h-uile duine ann an loidhne conga agus tha a' chlann uile ann an sreath. A' leantainn a' chiad leanabh, 'Alasdair ga stiùireadh' dannsaidh a' chlann timcheall.

Experiences & Outcomes

Expressive arts


EXA 0-16a

Gaelic (learners)

LGL 0-01a / LGL 0-05a / LGL 0-07a / LGL 0-08a LGL 0-02a

Literacy and Gàidhlig

LIT 0-01a / LIT 0-11a / LIT 0-20a



Tha Pàdraig a' bualadh le aon òrd



Tha Pàdraig a' bualadh le aon òrd, aon òrd, aon òrd
tha Pàdraig a' bualadh le aon òrd a h-uile là gun sgur.

Tha Pàdraig a' bualadh le dà òrd, dà òrd, dà òrd
tha Pàdraig a' bualadh le dà òrd a h-uile là gun sgur.

Tha Pàdraig a' bualadh le trì ùird, trì ùird, trì ùird
tha Pàdraig a' bualadh le trì ùird a h-uile là gun sgur.

Tha Pàdraig a' bualadh le ceithir ùird, ceithir ùird, ceithir ùird
tha Pàdraig a' bualadh le ceithir ùird a h-uile là gun sgur.

Tha Pàdraig a' bualadh le còig ùird, còig ùird, còig ùird
tha Pàdraig a' bualadh le còig ùird a h-uile là gun sgur.

Adult and child

Tha Pàdraig a' bualadh le aon òrd

For 'aon òrd' tap one finger on your child's palm in time to the music.

For 'dà òrd' tap two fingers, for 'trì ùird' tap three etc until five.

Take it in turns to tap on your own palm or with each other.

Group activity

Sing the song and move a different part of the body to the music as you sing.

For 'aon òrd' use one hand to hammer in time to the music.

For 'dà òrd' use both hands to hammer in time to the music.

For 'trì ùird' use both hands and stamp a foot at the same time.

For 'ceithir ùird' use both hands and jump with both feet.


For còig ùird use both hands, jump with both feet and nod your head.

Inbheach agus leanabh

Airson 'aon òrd' dèan put beag air bois do leanabh a rèir buille a' chiùil.

Airson 'dà òrd', dèan dà phut beag, airson trì ùird, dèan trì putan beaga, gus an ruig thu còig.

Bidh duine mu seach a' dèanamh put beag air boisean càch a chèile.



Gnìomh buidhne

Seinn an t-òran agus gluais pàirt eadar-dhealaichte ded bhodhaig nuair a tha thu a' seinn.

Airson 'aon òrd' cleachd do làmh airson bualadh a rèir buille a' chiùil.

Airson 'dà òrd' cleachd do làmhan airson bualadh a rèir buille a' chiùil

Airson 'trì ùird' cleachd do làmhan agus aon chas airson bualadh a rèir buille a' chiùil.

Airson 'ceithir ùird' cleachd do làmhan agus tòisich a leum.

Airson 'coig ùird' cleachd do làmhan, leum agus crath do cheann!

Experiences & Outcomes

Expressive arts

EXA 0-16a

Gaelic (learners)

LGL 0-01a / LGL 0-05a / LGL 0-07a / LGL 0-08a

LGL 0-02a

Literacy and Gàidhlig

LIT 0-01a / LIT 0-11a / LIT 0-20a

MNU 0-02a



Tha sinn a' dol dhan sù an-dràsta



Tha sinn a' dol dhan sù an-dràsta,
Sù an-dràsta, sù an-dràsta,
Tha sinn a' dol dhan sù an-dràsta
Bidh sinn ann fad an là.

Thèid sinn dhan an sù, sù, sù,
Mi fhìn 's tu fhèin an-diugh, an-diugh, an-diugh,
Sìos dhan an sù, sù, sù,

Chì sinn an tìgear buidhe, striopach
buidhe striopach, buidhe striopach
chì sinn an tìgear buidhe, striopach
shìos aig an sù.

Chì sinn rhinoceros le aon adharc mhòr air
aon adharc mhòr air, aon adharc mhòr air
chì sinn rhinoceros le aon adharc mhòr air
shìos aig an sù.

Chì sinn panda le sùilean mòra dubha
sùilean mòra dubha, sùilean mòra dubha
chì sinn panda le sùilean mòra dubha
shìos aig an sù.

Chì sinn an t-aibhean le sròn mhòr fhada
sròn mhòr fhada, sròn mhòr fhada
chì sinn an t-aibhean le sròn mhòr fhada
shìos aig an sù.

Chì sinn an ròn cho dubh 's cho reamhar
cho dubh 's cho reamhar, cho dubh 's cho reamhar
chì sinn an ròn cho dubh 's cho reamhar
shìos aig an sù.

Adult and child

Tha Sinn a' dol dhan sù an-dràsta

Use your fingers to walk up and down your arms as you sing 'Tha sinn a' dol dhan sù an-dràsta..'

Clap your hands together on the repeated words 'sù' and 'an-diugh'

Pretend to be each animal as you sing each verse.

Group activity

Discuss the types of animals you might see at the zoo. Which countries do they come from?

Hold hands and walk round in a circle every time you sing the chorus or walk on the spot to the beat.

Choose a couple of children to stand in the middle of the circle and pretend to be the given animal while the rest of the circle claps their hands during the verse.


Once the song has finished ask the children to mime different animals, can the others guess who they are?

Inbheach agus leanabh

Coisich do chorragan sìos agus suas do ghàirdeanan fhad sa tha thu a' seinn 'Tha sinn a' dol dhan sù an-dràsta'.

Buail do bhoisean nuair a thèid na facail 'sù' agus 'an-diugh' a chleachdadh.

Thoir a chreidsinn gur tu na h-ainmhidhean eadar-dhealaichte a thèid ainmeachadh anns gach rann.



Gnìomh buidhne

Beachdaich air gach seòrsa ainmhidh a chìthear ann an sù. Dè na dùthchannan às a bheil na h-ainmhidhean seo o thùs?

Greimich air làmhan càch a-chèile agus coisich ann an cearcall. Gach turas a tha an sèist air a sheinn coisich air an spot a rèir a' bhuille.

Tagh dithis a sheasas ann am meadhan a' chearcaill agus iad a' toirt a chreidsinn gur iad an ainmhidh. Fhad 's a tha seo a' gabhail àite tha a' chlann eile a' bualadh am boisean.

Nuair a tha an t-òran deiseil iarr air a' chlann toirt a chreidsinn gur iad na h-ainmhidhean eadar-dhealaichte. An tomhais càch dè an ainmhidh a thathar a' dèanamh.

Experiences & Outcomes

Expressive arts

EXA 0-16a


Gaelic (learners)

LGL 0-01a / LGL 0-05a / LGL 0-07a / LGL 0-08a

LGL 0-02a

Literacy and Gàidhlig

LIT 0-01a / LIT 0-11a / LIT 0-20a





Uiseag bheag dhearg na mòna duibh
na mòna duibh, na mòna duibh,
uiseag bheag dhearg na mòna duibh
càite na chaidil thu raoir san ì?

Chaidil mi raoir air bhàrr an dris
air bhàrr an dris, air bhàrr an dris,
chaidil mi raoir air bhàrr an dris
ach o! bha mo chadal cho sgìth.

Chaidil mi raoir air bhàrr nan tonn
air bhàrr nan tonn, air bhàrr nan tonn,
chaidil mi raoir air bhàrr nan tonn
ach o! bha mo chadal cho sgìth.

Uiseag bheag dhearg nan sgiathan òir
nan sgiathan òir, nan sgiathan òir,
uiseag bheag dhearg nan sgiathan òir
càite na chaidil thu raoir san ì?

Chaidil mi raoir eadar dà dhuilleag
eadar dà dhuilleag, eadar dà dhuilleag,
chaidil mi raoir eadar dà dhuilleag
is o! bha mo chadal cho sèimh.

Adult and child

Uiseag bheag dhearg

Take a teddy or doll and rock it in your arms in time to the music.

Try to sing quietly and then very quietly - can you hear the difference?

At the last verse pretend to fall asleep as you sing 'is o! Bha mo chadal cho sèimh.'

Group activity

Discuss when you go to bed and why you need to sleep. Where do birds sleep?

Sit on the floor in a circle and stretch out a sheet or a large piece of lycra between you so that everyone is holding an edge.

Place a teddy in the middle of the sheet and work together to gently rock the teddy as you sing.

Think of different ways to move the sheet: up and down, in and out, side to side.


Practice singing quietly and gently.

Inbheach agus leanabh

Le teadaidh no doile bi turrabanaich ann an ùine ris a' cheòl.

Feuch ri seinn gu socair agus an uairsin uamhasach socair. A bheil thu a' cluinntinn eadar-dhealachadh?

Anns an rann mu dheireadh thoir a chreidsinn gu bheil thu a' tuiteam na do chadal nuair a tha thu a' seinn na facail 'is ò bha mo chadal cho sèimh'.



Gnìomh buidhne

Beachdaich air cuin a tha thu a' dol dhan leabaidh agus carson a dh'fheumas tu cadal. Càite am bi na h-eòin a' cadal?

Suidh air an làr ann an cearcall agus cleachd siota no pìos mòr lycra. Dèan cinnteach gu bheil grèim aig a h-uile duine air oir.

Cuir teadaidh ann am meadhan an t-siota agus obraich còmhla a' turrabanaich teadaidh fhad 's a tha thu a' seinn.

Smaoinich air diofar dhòighean an t-siota a gluasad, suas agus sìos, a-mach agus a-steach agus bho thaobh gu taobh.

Feuch ri bhith a' seinn gu sìtheil, socair.

Experiences & Outcomes

Expressive arts

EXA 0-16a

Gaelic (learners)

LGL 0-01a / LGL 0-05a / LGL 0-07a / LGL 0-08a

LGL 0-02a

Literacy and Gàidhlig

LIT 0-01a / LIT 0-11a / LIT 0-20a



Air là breagha samhraidh



Air là brèagha samhraidh chaidh sinne cuairt don tràigh
Thug sinn rudan cluiche leinn is aodach airson snàmh.

Chunnaic sinn na crùbagan 's na lòintean beagan tàmh
's na rudan lionmhor neònach a chaidh fhàgail leis an làn.

Bha sinn greis ri spòrs ann 's an uair sinn greis san t-sàl
Is fhuair sinn sligean bòidheach le dathan dearg is bàn

Air là brèagha samhraidh chaidh sinne cuairt don tràigh
Thug sinn rudan cluiche leinn is aodach airson snàmh.

Adult and child

Air là breagha samhraidh

Sit facing your child on the floor.

Use a soft ball to roll to each other as you sing along.

Bounce and catch, roll and catch or throw and catch depending on your child's ability.

Group activity

Elicit local places where people like to play and have fun outdoors. What can you do there?

Stand in a circle, clap hands and feel the beat of the song as you sing.

Stand in the middle of the circle with the children standing facing you.

Take a ball and throw the ball between yourself and each child as you sing, keeping in time to the music.

Inbheach agus leanabh

Suidh mu choinneamh do leanabh air an làr.

Cleachd balla bog airson roilgeadh air ais agus air adhart eadar an dithis agaibh fhad 's a tha sibh a' seinn.

Bunsaig agus glac, roilig agus glac a rèir chomasan do leanabh.



Gnìomh buidhne

Beachdaich air àitean ionadail far a bheil e a' còrdadh ri daoine a bhith a' cluich a-muigh. Dè is urrainn dhut a dhèanamh an sin?

Seas ann an cearcall, buail do bhoisean agus fairich buille an òrain fhad sa tha thu a' seinn.

Seas ann am meadhan a' chearcaill leis a' chlann mu do choinneamh.

Cleachd balla agus tilg am balla eadar thu fhèin agus gach leanabh fhad 's a tha thu a' seinn, a' cumail ri buille a' chiùil fad na h-ùine.

Experiences & Outcomes

Expressive arts

EXA 0-16a

Gaelic (learners)

LGL 0-01a / LGL 0-05a / LGL 0-07a / LGL 0-08a

LGL 0-02a

Literacy and Gàidhlig

LIT 0-01a / LIT 0-11a / LIT 0-20a


Social Sciences



SOC 0-07a



Tuilleadh ghoireasan







Tractor






B o d a c h







Mathan







Dragon





Digger







Éisg bhig







B a i n n e







Luchag







B o n n a c h






G e a m h r a d h






B o d a c h
S n e a c h d a








Santa
Claus







Splish



splish







báta






ó r d









U i s e a g





Samhradh



Notaichean



Notaichean





aonad ioma - mheadhain



Comhairle nan Eilean Siar